

**CIHM
Microfiche
Series
(Monographs)**

**ICMH
Collection de
microfiches
(monographies)**



Canadian Institute for Historical Microreproductions / Institut canadien de microreproductions historiques

© 1996

Technical and Bibliographic Notes / Notes techniques et bibliographiques

The Institute has attempted to obtain the best original copy available for filming. Features of this copy which may be bibliographically unique, which may alter any of the images in the reproduction, or which may significantly change the usual method of filming are checked below.

- | | | |
|-------------------------------------|--|-------------------------------------|
| ☒ | Coloured covers /
Couverture de couleur | ☒ |
| ☐ | Covers damaged /
Couverture endommagée | ☐ |
| ☐ | Covers restored and/or laminated /
Couverture restaurée et/ou pelliculée | ☒ |
| ☐ | Cover title missing / Le titre de couverture manque | ☐ |
| ☐ | Coloured maps / Cartes géographiques en couleur | ☒ |
| ☐ | Coloured ink (i.e. other than blue or black) /
Encre de couleur (i.e. autre que bleue ou noire) | ☐ |
| ☐ | Coloured plates and/or illustrations /
Planches et/ou illustrations en couleur | ☐ |
| ☐ | Bound with other material /
Relié avec d'autres documents | ☐ |
| ☐ | Only edition available /
Seule édition disponible | ☐ |
| ☐ | Tight binding may cause shadows or distortion along
interior margin / La reliure serrée peut causer de
l'ombre ou de la distorsion le long de la marge
intérieure. | ☐ |
| ☐ | Blank leaves added during restorations may appear
within the text. Whenever possible, these have been
omitted from filming / Il se peut que certaines pages
blanches ajoutées lors d'une restauration
apparaissent dans le texte, mais, lorsque cela était
possible, ces pages n'ont pas été filmées. | |
| ☒ | Additional comments /
Commentaires supplémentaires: | Poems in Scottish Gaelic. |

L'Institut a microfilmé le meilleur exemplaire qu'il lui a été possible de se procurer. Les détails de cet exemplaire qui sont peut-être uniques du point de vue bibliographique, qui peuvent modifier une image reproduite, ou qui peuvent exiger une modification dans la méthode normale de filmage sont indiqués ci-dessous.

- ☐ Coloured pages / Pages de couleur
- ☒ Pages damaged / Pages endommagées
- ☐ Pages restored and/or laminated / Pages restaurées et/ou pelliculées
- ☒ Pages discoloured, stained or foxed / Pages décolorées, tachetées ou piquées
- ☐ Pages detached / Pages détachées
- ☒ Showthrough / Transparence
- ☐ Quality of print varies / Qualité inégale de l'impression
- ☐ Includes supplementary material / Comprend du matériel supplémentaire
- ☐ Pages wholly or partially obscured by errata slips, tissues, etc., have been refilmed to ensure the best possible image / Les pages totalement ou partiellement obscurcies par un feuillet d'errata, une pelure, etc., ont été filmées à nouveau de façon à obtenir la meilleure image possible.
- ☐ Opposing pages with varying colouration or discolourations are filmed twice to ensure the best possible image / Les pages s'opposant ayant des colorations variables ou des décolorations sont filmées deux fois afin d'obtenir la meilleure image possible.

**This item is filmed at the reduction ratio checked below /
Ce document est filmé au taux de réduction indiqué ci-dessous.**

A horizontal number line with 16 boxes. Above the line, labels are placed at 10x, 14x, 18x, 22x, 26x, and 30x. Below the line, labels are placed at 12x, 16x, 20x, 24x, 28x, and 32x. A checkmark is placed in the box corresponding to the value 20x.

The copy filmed here has been reproduced thanks to the generosity of:


National Library of Canada

The images appearing here are the best quality possible considering the condition and legibility of the original copy and in keeping with the filming contract specifications.

Original copies in printed paper covers are filmed beginning with the front cover and ending on the last page with a printed or illustrated impression, or the back cover when appropriate. All other original copies are filmed beginning on the first page with a printed or illustrated impression, and ending on the last page with a printed or illustrated impression.

The last recorded frame on each microfiche shall contain the symbol ➡ (meaning "CONTINUED"), or the symbol ▼ (meaning "END"), whichever applies.

Maps, plates, charts, etc., may be filmed at different reduction ratios. Those too large to be entirely included in one exposure are filmed beginning in the upper left hand corner, left to right and top to bottom, as many frames as required. The following diagrams illustrate the method:



L'exemplaire filmé fut reproduit grâce à la générosité de:


Bibliothèque nationale du Canada

Les images suivantes ont été reproduites avec le plus grand soin, compte tenu de la condition et de la netteté de l'exemplaire filmé, et en conformité avec les conditions du contrat de filmage.


Les exemplaires originaux dont la couverture en papier est imprimée sont filmés en commençant par le premier plat et en terminant soit par la dernière page qui comporte une empreinte d'impression ou d'illustration, soit par le second plat, selon le cas. Tous les autres exemplaires originaux sont filmés en commençant par la première page qui comporte une empreinte d'impression ou d'illustration et en terminant par la dernière page qui comporte une telle empreinte.

Un des symboles suivants apparaîtra sur la dernière image de chaque microfiche, selon le cas: le symbole ➡ signifie "A SUIVRE", le symbole ▼ signifie "FIN".

Les cartes, planches, tableaux, etc., peuvent être filmés à des taux de réduction différents. Lorsque le document est trop grand pour être reproduit en un seul cliché, il est filmé à partir de l'angle supérieur gauche, de gauche à droite, et de haut en bas, en prenant le nombre d'images nécessaire. Les diagrammes suivants illustrent la méthode.



(ANSI and ISO TEST CHART No. 2)



APPLIED IMAGE Inc

1653 East Main Street
Rochester, New York 14609 USA
(716) 482 - 0300 - Phone
(716) 288 - 5989 - Fax

Orain Ghailig,

LE

Cailean Mac-Iomhair,

a rugadh ann am baile Bharbhais, Eilean Leòghais,
Siorrachd Rois, Alba, agus a tha chòmhnaidh an
dingh am Milan, siorrachd Compton, Quebec.



SYDNEY, C. B.
MAC-TALLA PUBLISHING COMPANY, LTD.

1902.

Orain Ghailig,

LE


Cailean Mac-Iomhair,

a rugadh ann am baile Bharbhais, Eilean Leòghais,
Siorrachd Rois, Alba, agus a tha chòmhnaidh an
diugh am Milan, siorrachd Compton, Quebec.




SYDNEY, C. B.
MAC-TALLA PUBLISHING COMPANY, LTD.

1902.



CLAR-INNSIDH.

An turus bho 'n bhaile.....	3
Air feasgar Luain.....	4
Gur mise tha duilich.....	5
Theich mo chro dh guanaich.....	7
Mu'n do rainig mi deich bliadhna.....	9
Fàilte, fàilte ort, a charaid.	11
Leabaidh nan deargam.....	12
Calum beag.....	13
'S ann leam nach eibhinn.....	15
Bha mi fada tuath.	18
Rainn air bàs Mhurchaidh Mhic Leoid...	20
Eirich agus thugainn a.....	21
Rainn air bàs athair Chailen.....	22
'S tu 'n dias a bha fallain.....	25
Thug mi gaol do 'n òighe.....	26
'S mise tha gu truagh dh.....	27
Mo chridhe trom 's duilich.....	30
Bha mi 'n diugh air banais.....	31
Mo chruinneag.....	33
Tha mi tinn 's cha'n eil mi fall.....	33
Sabaid ris a chat dhubh.....	34



ORAIN GHAILIG.

An Turus bho 'n Bhaile.

An turus 'thug mi bho 'n a bhaile
S leam nach b' aithreach céilidh,
Ged a bha mi dhith a chadail
B' aigeannach mo cheum leis.

SEISD—C'àit an caidil nionag an nochd?
C'àit an caidil nionag?
Och, ge b'e àit an laidh mo luaidh
Gur truagh nach robh mi fhin ann.

Nuair rainig mi steach Lenoxville,
Air m' air' cha robh mo chàirdean;
Bha m' inntinn daingeann smuaintean
'S truagh ghruagach bhi ga fàgail.

Shuidh mi steach air bord nan *cars*,
Thagh mi 'n t-àit a b' uaignich',
Sheinn mi suas air cliu mo leannain,
A bhanarach neo-ghruamach.

Sheinn mi suas oirr' anns a Ghàilig,
Cainnt mo mhàthar, fuaime oirr',
Ho ri, gur beag a bha de m' dhiu
De 'n bha gach taobh de dh' uaislibh.

Thigeadh iad a sid 's a so
A dh' eisdeachd fuaime na Gàilig,
'S theireadh iad, "Co chuala riamh
An saoghal Dhia do chàinain?"

Is truagh a rìgh nach mi bha 'n drasd
 'S mo dha laimh mu do ghuaillibh,
 B' fhearr leam e na 'm paigheadh mios
 A b' fhearr a riamh a fhuair mi.

Thug mi gean dhut, thug mi toil dhut,
 Thug mi m' lamh 's mo chridh dhut;
 Och, 's cruaidh am bend mur faigh mi coir ort
 Le lagh stold' a Bhiobuill.

Is gile leam do chruth no 'n canach,
 No 'n eala air na cuaintean,
 Is mìlse leam do phòg na mìl
 Nan seilleanan beag' ruadha.

Is buidhe dh' fhear a gheibh mo leannan,
 Bean nam basan mine;
 Nach buidhe dhomh ma gheibh mi 'n guth
 Gu bheil thu 'n urras fìor dhomh.

Nuair a theid mi do 'n a bhaile
 Far am bi gach nìonag,
 Cha chan mi guth le cridhe glan—
 Tha m' aigne-sa do 'n aon te.

Bidh mi minig rithe 'bruidhinn,
 Ga mealladh is a strìth rith',—
 Saoilidh cuid gu 'm bi mo chridhe
 'Bruidhinn rithe frinn.

Air Feasgar Luain.

Bha Cailein duilich air dha litir fhaighinn
 bho cheud leannan, Caristiona Mhoireastan.

Air feasgar Luain 's ann a fhuair mi litir uat
 A chuir fuachd agus teas is crìth annam,
 Mo chridhe gu sgàineadh, 's mo bhil a gàirich
 Ris a chlar a bha toirt nam fiosan dhomh.

SEISD—Och, a rìgh, gur a mi tha muldach,
 Och, a rìgh, gur a mi tha muldach,

Och, a rìgh, gur a mi tha muladaich,
Oir dhiult thu curs a thoirt taobh America.

Ghabh mi gaol ort mu'n dug iad brìgis dhomh,
'S cha duirginn imise le cion na misnich dhut;
Ged gheibhinn fath ort, 's ann theichinn
taluidh,

Mu'n canadh each rium gu'm bithinn idir ann.

Bha mais' air m' eudal nach faod mi aithris
dhuibh,

Mar dhreach na gréine no eiridh gealaich leam,
Bha 'gruaidhean aluinn, 's iad glan an dearr-
sadh,

'S a h-anail tlath-ghlan air bhlas na meala
leam.

Cha'n ioghnadh mi a bhi caoidh is doireannach,
Oir chaill mi 'n aoigh-shuil a b' aill a chum-
aic mi,

Bean bhasan mine 's nan gruaidhean lionta,
'S a chul-chinn sgiamhaich 's na miog-shuil
mheall-shuileach.

Tha dorran mor orm an clo do'n deacha tu,
Dh' fhag gun bhrogan mi 'n àm dhuinn deal-
achadh,

A leig air falbh mi a nall thar fairge
Air mo chasan dearga ri tonnan greannanach.

Cha bhi mi bardachd, cha 'n fhearr is aithne
dhomh,

Ach soraidh slan leat cho fad 's is maireann
thu,

'S e fuath a b' fhearr dhomh thoirt dhut na
cairdeas

Ach mar a tha mi gu brath cha 'n fhan e
dhomh.

Gur Mise tha Duilich.

Gur mise tha duilich 's mi uile fo ghruaim
A cumha mo leannain bho'n dhealaich i uam,

Dh' fhag i mi daonnan ri suaointean nam
bruadar
A bhithinn ri faicinn na'm chadal ort chuach.

SEISD.

Leig fead agus thig mi g'ad ionnsuidh a ghaoil,
Leig fead agus thig mi g'ad ionnsuidh a ghaoil,
Ged ghabhadh mo mhlàthair is m' athair an
caoch,
Leig fead agus thig mi g'ad ionnsuidh a ghaoil.

Aig ath abhainn Theraid bhiodh lann air mo
shuil
Ag amharc mo leannain 's tu 'g aiseag a cùrs,
A dìreadh Clach Steiseal le spreidh air an cùl;
Ach ghearrainn-sa braighe ge b'aite 'n d' readh
tu.

'S tric a bha mi 's mo leannan ri mir' anns an
fhraoch,
Ri marbhadh nan cearcan, na feadag 's na
naosg,
An dialta 's an lacha bhiodh againn far aon,
'S an breac as an linn bhiodh againn air
straing.

Bha mais air mo leannan nach urrainn dhomh
iann',
Bha 'deud mar an canach 's a gruidh mar an
caoir,
A bodhaig bha dealbhach gun chearbaich fo'n
ghréin,
'S a nadar a b' fhalainn a b' aithne dhomh
fhein.

Ma dh' fhàg thu mi falamh gu 'n leannan
fo 'n ghréin,
'S gu 'n ghabh thu fear falaich a b' fhaisge
bh' ort fhéin,
Bu toil leam gu 'n cluininn mu 'n readh
sibh an greim,

Gu 'n readh sibh gu rathail am mach air a
chéil'.

An turus mu dheireadh a sheall mi na d'
ghruaidh,

Bha deoirean gu frasach a sìleadh a nuas,
A cumha do leannain dol thairis air chuan
A dh' ionnsuidh na coille gu 'gearradh le
tuaidh.

Ri fàgail a bhaile gu 'n sheall mi mu'n cuairt,
'S mi leigeil leis soraidh 's a fantainn fo
ghruaim,

Chunnaic mi tighinn dreach faolag a chuain,
'S i tabhairt a lamh dhomh gun ghàir air a
snuagh.

C'arson tha mi duilich, no idir na d' dheigh,
'S a liuthad te eile tha ruith air an fheill?
Ma bha mi air mhealladh 's a choir' agam
fhein,

'S gu'n d' fhuair thu do roghainn, mo bheann-
achd na d' dheigh.

Theich Mo Chrodh Guanach.

Theich mo chrodh guanach, uallach, ballach
bhuam,

Theich mo chuid chaoraich mhaola, gheala
bhuam,

Gearrain le harness, gach làr le searrach,
An cumha na cailinn a thréig mi.

SEISD.

A bhanarach òg an cual' thu idir e,
An cual', an cual', an cual' thu idir e,
A bhanarach òg an cna' thu idir
Tha mise cho tinn ga t' ionndrainn.

Bha mi uair 's cha saolainn idir
Gu 'm bithinn fo chàs no làn do thinneas,
A chionn, a ghaoil, thug mi dhut chruinnaig,
'S mi 'n duil thu thighinn da m' ionnsuidh.

Nan tigeadh tu 'n drasd, a ghràidh nam bean-
aibh,

A thairgseadh do lamh dhomh fàilteach, aith-
neach,

Theicheadh an càs tha làn na m' bhroilleach,
'S bheirinn fa near a bhi sunndach.

'S ann dhut thug mi 'n gaol a rìgh a mhaireas,
Gu 'n teid mi fo 'n ùir co-dhiu cha dealaich e,
Ruith thu le m' shùgradh uam 's le m' bhead-
radh,

'Measg chaileag cha dean mi ceòl gàire.

Ged gheibhinn-sa coir air òighe mhaiseach,
'S na tha san Roinn-Eòrp' de dh' òr 's de dh'
fhearam,

Cha treig mi an gaol thug mi dhut chailinn,
Ge fad air an talamh-sa beò mi.

Ged theireadh iad rium gun ceangallte mise
Fo chuileagan geir air bruaich na linne,
Mu 'n treiginn an gaol thug mi dhut chruinn-
aig,

Cha tugainn leth anionaid a rùm dha.

Cha 'n 'eil air an t-saoghal ni ri fhaighinn,
A dh' aindeoin gach innleachd 'fhuaradh
fhathast,

Na bheireadh dhìom sgim do m' ghaol dhuit
chalaig,

Ach deoch bhi na m' chlaiginn an comh-
uidh.

Ged bhithinn ri bàrdachd re mo latha
Cha b' urrainn dhomh innse mo ghaol dhuit
chailinn;

Mo chridhe na m' chliabh ri 'g iarraidh lasadh
An cumha na cailinn a threig mi.

Ma chuir thu rium cùl 's nach urrainn dhut
tilleadh,

Tha agams' ri radh gun chràidh thu mise;

'S eha bhi mi gu bràth ri 'g radh na 's riosa
Na ruig air na ghuidheadh do chàirdean dhut.

—◆—◆—◆—
Mu'n do Rainig Mi Deich Bliadhna.

An t-aiseag thairis air a chuan, agus a fàg
ail Caristiona Mhoireastan.

Mu 'n do rainig mi deich bliadhna
Bha mi rnith na dias a b' àilte;
Bha mi 'g iarraidh gu bhi suiridh,
'S mi cho lunnachd ri mial-mhàgaig.

SEISD—È mo nighean, u i mo nighean,
È mo nighean, is math leam gu slàn thu;
Ged a chuir thu rinn do chnlaobh,
Tha mo dhùrachd fad mo la dhuit.

'S tric a bha mi fhein 's mo chuachag,
'S sinn a bnachailleadh air àiridh,
Na ar sìneadh anns an luachair
Ag éisdeachd duain aig coin an fhàsaich.

Bhiodh coileach fraoich, is feadag is naosg,
'S smeorach chaomh ri seinn a manrain,
A ghriodhach òg a fallb le laogh
A mach gach oidhehe os ceann a gharaidh.

Is iomadh mais' a bh' air mo cheud ghaol,
Bha i foimidh, reidh, gun àrdan,
Bha i leam mar dhreach na greine
Air maduinn cheitein 'tighinn an àirde.

Bha mi là a buain na mònach,
Chunnaic mi seoladh long gu h-àirde,
'druim a chuain 's i fo cuid aodaich;
'Chnbhairt mi ri m' ghaol bidh mis' air sàl
innt'.

Bha m'athair is Murchadh Thormaid Shenmais
An creagan àrd Eirearadh buain nam bearn-
ach,

Chunnaic iad ise 'dol seachad le scòl,
Ceud soraidh saoghal bheò gach faocag is
bearnach.

Chuala mi fnaim air an ath mhadainn
Mu 'n do dh' fhosgail mi mo shùilean,
Johnnie a draibheadh gearran no làire,
'Ruith 's gach àite 's e g' ar sgiùrsadh.

Theannadh ri 'g ullachadh, theannadh ri 'g
iarraidh
Cairtean an iasad gu tarruinn ar drunganan
Suas gu Daile-beag 's Tolstadh a Chaolais,
Theicheadh le m' ghaol 'steach fo 'n rium
innt.

A tighinn a mach bho cheann na feulach
Dhearc mi air an déise 'b' àilte,
Theann i dluth rium 's shil a shùilean,
Dh' fhag sid mis' fo thùrs gu la 'n diugh.

'Dreadh gualainn tuath Clach Steisal
Chualas éibhe gu 'n fiamh a ghàire,
Chaidh ar guai-eann suas ri cheile
Phogadh bheul bho chridh gun àrdan.

'Dreadh gualainn Tom na Rùmhag
Thug mi suil 's mi dol thar faire:
B' fhearr leam fhein na mìle gini
Gu 'n robh lamh an cridhe mo dhearnaidh.

'S an àm an acair a tharruinn á grunn
Bha mis' gun smud no fiamh a ghàire,
Is làn a siuil aig long ga 'stiuireadh
'Togail cùrs air tìr Chanada.

Dol a mach a Tolstadh 'Chaolais
Theann mi smointean air mo chairdean,
Fagail muirneag shil mo shuilean
'Smaointean air dùthaich 's mo ghradh glan.

Fallte, Fàilte Ort, a Charaid.

Litir gu caileig àraidh.

Fàilte, fàilte ort, a charaid,
 Leanasa 's caomh thu rium tachairt.
 Sgeula mor gu mo leannan
 Na mo bhroilleach ann an còs.

SEISD —Is na ho hi ri ho n,
 I n ri bhag,
 Is na hi ri ho n.

Bho nach sgrìobhaich math mise
 Beir air peann is air innc
 'S cuir air paipear gu 'n fhios dhut
 Fios uansa thum na h-òigh'.

Thuirt thu rium sid, a Chailean,
 Dh' iarr thu sgrìobhadh gu d' leannan:
 Cha teid inc air a pheine
 Gus am faigh mi mach co.

Ged bu bheo thu air thalamh
 Gus an liathadh do chlaigionn,
 Gus an dean mi 'toirt dhachaidh
 Bhuam clia 'n fhaigh thu mach co.

Am bheil i aigeannach, uallach?
 Am bheil i acarach, guanach?
 Am bheil i cleachdadh na h-naisleachd?
 Am bheil i suairce gu leoir?

Tha i aigeannach, uallach,
 Tha i acarach, guanach,
 Tha i cleachdadh na h-naisleachd,
 Tha i suairce gu leoir.

Tha gach mais oirre a chnala tu,
 Mar a ghrian glan tha 'sruagh leam,
 Tha i dh' àrd i mo ghualainn,
 Tha i suas ri mo dhòigh.

Teann a nall rium, a charaid,
Tha mi 'n duil rium mi 'geisadh,
Ni mi sgriobhadh gu d' leannan,
Bho d' bhroilleach 's bho d' chòs

Innis dhi ge d' fhalbh mi 'n talamh,
Air na dh' eirich grian is gealach,
Innis dhi nach treig mi 'n gealladh
Air eno fad 's gu 'm bi mi beò.

Innis dhi gu 'm bheil mi sunntach,
Gu minic is gu tric a cunntadh
Gach latha gu 'n tig an t-àm ud,
Luchd na bainnse bhi ri 'g òl.

Ma ruigeas mi 'n nion'g,
Theid na teudan a ghleusadh,
Theid na déilibh a dhiosgail,
'S balaich dh' fhior shadadh bhròg.

Thig a choreuis as mo laochan,
Mac-na-brachia shadadh sheann rusg,
'S theid na fir ud leis an caomh e
Og is aosd' a chrathadh chòta.

Leabaidh nan Deargann.

Thachair do Chailean taghal am measg
Fhrangach 's cha do chòrd a leabaidh idir ris.

Tha agamsa stòraidh is coir dhomh innse,
A chionn gu'n tugadh i rogha do mhilltean:
An deargann Fhrangach rinn i mo bhàdeadh,
Chuir i gu deimhin gu lathaichean aois mi.

SEISD.

O gu'n seachainn mi leabaidh nan deargann,
'S e gu'n seachainn mi leabaidh nan deargann,
'S o gu'n seachainn mi leabaidh nan deargann,
'S leigibh mi dhachaidh gu baile beag Bhar-
bhais

Chaidh mi do'n leabaidh 's ehadail mi samh
 aeh,
 Dhuig mi rithist is dh' fhaireich mi 'n taislich,
 Dh' fhaireich mi tighinn iad, mar gu'm biodh
 plaigh ann,
 'S theann iad ri togail na plaide mar bha i.
 Theann an elibeadh is theann am bìdeadh,
 O m' cheann gu m' chasan bha 'n tachas da
 rìreadh,
 Thuirt mi rium fhìn, so deireadh mo shaoghail,
 'S iad ga mo leon air dhoigh nach gabh innse.
 Theann mi sgrìobadh, theann mi sgròbadh,
 Theann mi tachas is gearradh na feòla,
 Chaill mi innean mheur is òrdag,
 'S bha mo chuid fala air bannaibh mo dhòrpa.
 Air oidheche chabhadh dh' fhaireich mi 'n
 còmhlan
 'G ithe mo chasan 's mo lamhan còmhladh;
 Gu'n d' enbh am Frangach, "*Bhid marais cloa,*"
 Mur b'e sid bha mi ac' am aon fheoilan.
 Ma theid mis' an t-astar ud tuill adh bidh
 srian leam,
 Bheir mi as spanna de'n gabh feadhainn iogh-
 nadh,
 Is iad a' ruitheas 'sa ghearras an sioban,
 Ruithidh iad coille gun rathad a rianh ann.
 Theid mi gu saddler 's ceannaichidh mi diolaid,
 Nì mi eich mharcach dhiubh, cuiridh mi srian
 ann,
 Theid mi gu market 's bithidh balaich g' am
 feuchaim,
 'S chi iad am fallas a' lasadh a sliasaid.

Calum Beag.

Oran a rinneadh do bhalachan beag 's e na
 shuidhe air glun Chailein

Theid mi do 'n stàpull
 A chàrdadh an t-searraich bhig,
 Cuiridh mi na harness
 An àird air an t-searrach bheag;
 Cha bhi gin san àit'
 Nach bi 'n sàs na mo Chalum beag;
 'S buidhe dha do mhathair,
 A dh' àraich mo Chalum beag.

SEISO—Seinn é ri o rum bu ó ro ì,
 Seinn é ri o rum bu ó ro ì,
 Seinn é ri o rum bu ó ro ì,
 'S buidhe thé 'ghabhas e,
 Calum Dhonnnull agam fhìn.

Nuair theid thu Lingwick
 Bidh spuinne air an t-searrach bheag;
 Gaen maighdeann is caomh leat
 Ga 's laodadh air sleighe bheag,
 Teamaidh thu ri sgaoileadh
 Na 'm paipearan air am feadh,
 Ri tabach a chandaigh,—
 Nach caoinneil mo Chalum beag.

Nuair a theid thu 'Sherbrooke
 A cheilidh le d' shearrach beag,
 Bidh a rogha ceile
 Ri snteideadh air Calum beag,
 Cuiridh tu na h-ubhlán
 'Null thun na leannan,
 Sadaidh tu na ernintean,—
 Cha churam air Calum beag.

Theid thu do 'n t-searmon,
 'S bidh colg air an t-searrach bheag;
 Sleighe, 's cha b'e fuad i,
 Air guailibh an t-searraich bhig;
 Cha ruigeadh am fuachd
 Air no luaidheanach Calum beag,
 'S cuip air a ghualainn
 A ghuasad an t-searraich bhig.

Nuair theid thu 'Steornabhagh
 A spors leis an t-searrach beag,
 Theid thu do gach stor ann,
 Co 's sporsail' na Calum beag?
 Nuair thig thu air faire,
 Gu statail le d' shearrach beag,
 Eibhidh do mhàthair,
 'Mo ghràdh air mo Chalum beag' "

'S ann Leam Nach Eibhinn.

Oran a rium Cailean nuair a fhuair e n.
 eachd' bàis a cheud leannain, Cristiona M.
 eas.

'S ann leam nach eibhinn gu 'n d' fhalbh
 euchdag
 Do'n dug mi mo cheud ghaol ri m' reannd
 eas dhomh,
 A bhean leag fo bhron mi gu sìleadh dheòr
 Thug buille mhor dhoibh gu bhi 'nana ann lan,
 'S ann leam bu shùghair thu thighinn do 'n
 dùthaich,
 Bhi leagail sùil ort gach taobh an taobh
 sinn,
 An iteach àluim, nach cruaidh an cà-
 Gu 'n d' rug am bàs ort 's nach d' fhalbh air m.
 sealladh ort.

Ged bha thu pòsda, 's ann leam bu deònach
 Gu'm faicim beò thu ri tighinn an t-astar so
 Gu'm faighim pòg uat, na 'm biodh tu deòn-
 ach,
 A dh' aindeoin fòirneart a dheanadh tachairt
 rium;
 Ged chrochte suas mi air bhallaibh chruaidh
 shnaim
 Cha'n fhanaim bhuat, oir bhuaire do phearsa
 mi,
 Do dhearenag ghruaidhean a rium mo luasg-
 adh;

Och, och, mo thruaighe, nach cruaidh mar
thachair dhuinn !

'S tu bhean a b' eibhinn, b' e tlachd nan
treubhan

Leam fhein thu chend ghaoil a dh' eirich fall-
ain leam,

'S e bhi as d' eugmhais a d' ' fhad neo-reidh
mi,

'S nach fhaigh iad speis ann an t' eile a char-
thannadh;

'S tu leag fo bhron mi gu sìleadh dheoirean

Gun flios do mhòran 's mi ann a farannan;

Ma chaidh na foid ort mo ghuidhe mor dhut

Gu'n ghlaic fear stoir thu, 's gu'n d' fhuair thu
earthannas.

Bidh cuid a smaointean gur gòrach, faoin mi,
A chiom a ghaoil a thug mi bhi leantuinn
rium,

Nach sadainn nam e 's nach leiginn fuachd
ann,—

A chailin shuarach, ciod e nach d' lean i thu ?

Ach dheanaim inns' dhuibh air bheagan tìme,

Mar tha 'n gaol ud ma gheibh e steach ann-
aibh;

Ma thug thu saor e, ma thug thu fìor e,

Cha 'n 'eil na d' innleachd na gheibh thu
thairis air.

Tha 'n gaol na bhuaireadh, tha 'n gaol na
thruaighe,

Do 'n neach ri m buail e cha 'n fhaigh e
thairis air;

Tha fuath is gràin ann do d' uile chàirdean,

Gach athair, màthair, gach bràthair 's peath-
raichean;

Tha fuath dhut fhein ann, cha 'n fhiach leat
speisridh,

Air òr cha'n eubh thu, cha'n e do charthannas,

'S do leanman gaolach a bhi as d' aonais,
Bha sid ri m' inntinn bho 'n rinn sinn deal
achadh.

• Am fear nach saoil e gu'n lean an gaol e,
Nach fhaod mi innse dha mar tha fhaireachd
aim;
Nach faic thu 'm firean a dh' iarr Fear-saor
aidh,
Cha'n fhaigh thu eis air air mhead 's d' an
tachair ris;
Ma fhuair e slàn e a dh' ainde in gàbhaidh
Cha dealaich gràs ris, oir fhuair e dachaidh
am;
Mar sin a tha mi 's an gaol an sàs rium,
Oir fhuair e sgàth uam 'n taobh stigh de m'
asnaichean.

Cha d' fhuair mi Ghàilig a rianh 'san fhàs-
ach s'
Na idir cànan 'san innsinn thairis dhuibh
Mo ghaol 's mo ghràdh dhi, mo thoil thar
chàch dhi,
'S mo thogairt ghàireach gu faotaim sealladh
oirr';
Cha'n urr' dhomh innse, cha ghabh e sgriobh-
adh,
Cha d' fhuair mi innleachd air innse thairis
dhuibh,
Ni 's mo na 'm firean a mhinich Biobull,
Cha'n urra innse gach ni tha stigh aige.

Bha nair gu cinnteach a leag e m' inntinn,
'S a thog e m' inntinn a dh' ionnsuidh ghlain-
eachan,
Le spaite shròthail an gaol na h-òighe,
B'e m' uile spòrsa bhi cur 's na glaineachan;
'N sin gheibhim eis air re beagan tìme,
Is shaoilinn dìreach bhi faighinn thairis air;
Cho fad 's is buan mi san t-saoghal thruaillidh,
Tha sid ga m' bhualadh, 's cha 'n ann gu
earthannach.

'S minig bha mi na m' shuidhe sàmhach
 A smaointean càsmhor air nì a thachair dhomh,
 Is e ga m' bhualadh gun iochd gun truas rium
 Le buillean cruaidhe, 's e tigheinn le an-shocair;
 Cha'n fhaighinn cùs air a dh' aindeoin innl-
 eachd,
 Ach stòp a thaomadh dhomh do na glain-
 eachan;
 Na rabhadh mòr dhuibh, a ghillean òga,
 Na deanaibh uail as ur cuid leanmanan.

◆◆◆

Bha Mi Fada Tuath.

Oran do chaileig àraidh a bha leam is leat.
 Bha mi fada tuath 'cur mo chuairt air an alla-
 ban,
 Dh' fhag mi mo ghruagach, fear eile 'thug
 bhuan i,
 'S nuair thainig mi do'n àite chaidh dealach-
 adh air àithntean;
 'S bha h-uile dad cho taitneach leam.

SEISD—Sing, dang, i darai, o.

Dh' fhaighneachd mi le fòil dhi co b' òg leam-
 an dhi,
 'Thuirt i nach bu bheò e le còirichean srianta;
 Rinn mo chridhe gàire, 's mi tuigsinn so mar
 bha i;
 'S bha h-uile dad cho taitneach leam.

Sin nuair thuirt i, " 'S fheudar dhomh fhein
 'bhi ga 'aideachadh,
 Is tusa mo ghaol fein, as na dh' éirich air
 grian! "
 Bha so gu math na àite, 's a tighinn ri mo
 chàilsa;
 'S bha h-uile dad cho taitneach leam.

Ach a nis chuir thu cùl rium, le diùmbadh 's
 na leanadh e,

'S mis' a thug an ùigh dhut nach teid air chùl
a chaidh;
Ged a rinn thu m' fhàgail, och 's e do bheatha
màireach;
'S bidh h-uile dad cho taitneach leam.

'S duilich leam mar tha mi : tha cuamhuachd
cadar mi 's tu;
'Leamman, rinn thu m' fhàgail, 's cha teid an
gràdh aog,
'S math dh' fhaodt' gu'n tig blàths ann, 's gu
'n tuig thu mar tha mi;
'S bidh h-uile dad cho taitneach leam.

Cha'n iarainn crodh no caoraich, na ni air an
talamh leat,
Ach cothrom laidhe sinte riut ann an cadal
suain,
Do dha shuil chaomh rium, 's d' aghaidh
chaoimh, chanachail;
'S a h-uile dad cho taitneach leam.

Cha'n iarainn a shòlas no cheòl ach bhi bea-
radh leat,
Cha 'n fhaodainn a bhi brònach, cha mho
laidheadh sgios rium,
Dh' fhaicinn d' aghaidh àluinn, do charantas
's do chàirdeas;
'S a h-uile dad cho taitneach leam.

Do chiochan corrach àluinn, a thogadh ard m'
aigne-sa,
'S iad coltach ri do nàdar, gu blàth, canach,
caomh;
Is tric a bha mo lamh orra, och 's minig bha
na dha orra;
'S a h-uile dad cho taitneach leam.

Rainn air Bas Mhurchaidh Mhic Leoid.

'S e d' uaisleachd 's do nàdar a chràidh mi
cho mòr,

'S nach urrainn mi bhi gàire 'n àite do m'
dheòin,

Ri smaointean air do bhlàths dhonh, do char-
antas 's do chàirdeas,

'S tu feitheamh air do chàirdean, na d' fhàrd-
aich bha còir.

'S ann ort nach fhaighinn gruaim dol mu 'n
cuairt air a bhòrd,

Do chàirdean mu 'n cuairt dh'ot bhiodh naill
fa do chòir,

'N uair sheallainn thar mo ghualainn 's a
clithinn d' aghaidh shuairce,

Bhiodh obair an duin' uasal ri gluasaid na d'
dhòrn.

Ged dh' fhàg thu mi cràiteach, 's e dh' fhàg
thu gu tinn,

Do bhràthair a dh' fhàg thu 'tha cràiteach 's
e 'caoidh,

'S e 'g osnaich air na trathan, 's nach fhaic e
tighinn air faire iad,

'S an dust a chaidh a chàradh fo na fàidean a
chaidh.

Tha sid dualach do d' bhràthair bhi cràiteach
's a caoidh,

'S na deoir air a ghruaidhean ri gluasad mar
nillt :

Oir ghearradh dheth a ghualainn a b' àirde
bha mu'n cuairt air,

'S chaidh a cheangal cruaidh gu bith-bhuan
ris a chraoibh.

Tha do pheathraichean 's do bhràthair 's do
chàirdean fo ghruaim,

Tha t' athair, tha do mhàthair 's an àbhaist
dheth truagh,

'S do bhean ghaoil ri 'g eibheach, "A Mhur
chaidh freagair m' eubha,
'S mo chridhe gus a cheusadh as d' eugmhais
a nochd." -

Cha'n ioghnadh leam fhein bean do ghaoil
'bhi goirt,

Saighdean a cridhe 's e ri leum do'n a spot
Amis na rug am bàs ort, 's fhuair i am blàth
thu,

'S a leig i glaodh an àirde, "Tha mo ghràdh
s' aig a phort!"

'S luasganach iomrach dol timchioll gu goirt.
A cridhe tha na geal-bhroilleach, a bhan-
ghalad bhochd,

Ri smaointean a pàisdean nochd bhi gun athair,
'S e ac' air a chàradh gu bràth aig a phort.

Cha bhi mi ri manran, cha'n fhearr dhomh bhi,
Oir chaidh do thàladh bho thràilleachd an
t-saoghail s';

Ach tha mi guidhe cruaidh, 's ag achanaich
bith-bhuan,

Gu'n chrathadh fuil an Uain ort mu'n d'
fhuair thu bho thim.

Eirich agus Thugainn u.

Rainn an deigh bàs bean Chailein. Cha
tug am fear-furtachd furtachd dhia le radh.
"Eirich agus thugainn u, is tog do shunnt
gu h-aighearach."

Och gur mis' a tha gu ciùrrt',
Is mi ga d' iargain air gach taobh,
'S beanag de'n anart ùr
Air do glmùis fo 'n ùir ga d' fhalach uam.

Eirich agus thugainn u.

Eirich agus thugainn u.

Eirich agus thugainn u.

Is tog do shunnt gu h-aighearach.

'Sghear leamsa fo na fòid,
 'S cruaidh an sgeul ri innse dhòmhs',
 Mo shùilean fhein a sìleadh dh'èir,
 'S cha'n eirich cèd no aighear leam.

Thugadh uamsa m' iuchair fhein,
 'S chaidh a chuimh gu bun mo chridh,
 Dh' fhàg sìd m' inntinn fein fo bhron
 Cho fad 's is beo air thalamh mi.

Thugadh bhuamsa craobh mo chridh,
 Dh' fhalbh an duilleach bhuam 's cha till,
 Tha na h-ubhlán orm a dhith;
 'S e 's beus dhomh bhí neo-aighearach.

Tha mo chàirdean 's iad fo ghruaim,
 Tha mo phàisdean dheth gu truagh,
 Tha mi fhein 's mo dhachaidh bhuam,
 'S mo chridhe truagh ri fannachadh.

'S beag tha dh' fhios aig neach fo 'n ghrein
 Mar a tha mi na do dheigh,
 Bho dh' fhuaraich orm do leabaidh fein,
 Is chaidh mi fhein air allaban.

Nuair a theid mi laidhe suas,
 Ort thig mo chridhe an'n cuairt,
 Ged shin mi fhein mo ghairdean bhuam,
 Do chluasag fuar 's cha'n fhaigh mi thu.

Thig an osann, thig an gnusd,
 Theid an cadal dhomh air chul,
 Saighdean bho mo chridhe ciurr
 'Toirt deoir mo shuil gu talamh bhuam.

Rainn air Bas Athair Chailein.

Dior-daoin mar a chleachd mi cha'n fhaicear
 leam m' a' air
 'Tighinn dh' fh le 'bhat', 's e crathadh a
 chinne;

Cruaidh smaointean nan achdan tha 'n fhùirinn
'toirt seachad,

'S ag àithne ri chuid chloinne bhi leantuinn
na puing.

Sud an àithne a bh' aig m' athair a riamh ri
chuid chloinne,

Snd an àithne a bh' aig m' athair ga 'thabh-
airt gach àm,

Snd an àithne a bh' aig m' athair a riamh ri
chuid chloinne,

'S cha dug sinn fahear e cho fad 's bha e ann.

Bha meas ort aig moran bho lathaichean d'
òige;

'S a choinneamh Di-dòmhmaich b'e do shòlas
l,

Nuair tinge, 'h tu dhachaidh bha 'm Biobull
ri tharrang,

'S tu 'g àithne ri d' chuid chloinne bhi tabh-
airt as rann.

Ged theid mi do'n bha-thigh cha tachair rinn
m' athair

Le 'bhonaid na lamhan ga fhasgadh gu teamh,

'S na deoir air a ghruaidhean, 's e ag ùrnaigh
'san uaigneas,

Ag iarraidh an Uain gus an ghaiseadh sinn
ann.

Cha chluinn mi thu bruidhinn le dùrachd do
chridhe,

'S e ag iarraidh oirnn tighinn gu slighe na
slàint':

Bhi leigeadh ar taic air, 'sa deanamh dheth
dachaidh,

Mu 'm bi sinn air ar crathadh thar cathair
nan gràs

Cha'n fhaic mi thu 'g ùrnaigh 's na deoir air
do sinuilean,

Ri guidhe le durachd fear-stiniridh 'bhi leinn,

'S tn suathadh nan altan 's ag eibheach le d'
neart,
Fear-saoraidh bhi againn mu 'n teid sinn gu
faing.

Cha robh thu gun solus, cha robh thu gun
olla,
Bha d' uinneagan geala mar ghathan na gréin;
B'e durachd do chridhe gu'n deanadh sinn
tighinn
A dh' ionnsuidh na slighe do 'n dug thusa
speis.

B'e d' urnaigh 'sa mhadainn bhi 'g iarraidh
oirnn seachnadh
Thar slighe nam peacach, mu 'n deigheadh
sinn air chall;
B'e d' urnaigh 'san fheasgar bhi 'g iarraidh
oirnn laidhe
Ann am fearann na machrach is maisich a
th' ann.

Ged tha mi fo sgaradh ri smaointean na
h-earraing
A thug thu bho'n bhaile, 's a thachair riut
meall;
Mo dhochas gu maireann gu'n deach thu null
thairis
Gu fearann a bhaile 's na meala 's na ceir'.

Cha bhi mi ri bruidhinn, cha leir dhomh do
shlighe,
'S e 's mithich dhomh bruidhinn air mo shligh-
eannan fhein;
Oir is iomadach achmhasan 'fhuair mi o m'
athair,
'S a thilg mi seachad, 's cha d' rinn mi dheth
feum.

'S Tu 'n Dias a bha Fallain.

Falai ho ri ho ré fa la lal ó,
 Falai ho ri ho ré fa la lal ó,
 Falai ho ri ho ré fa la lal ó,
 'S e aghaidh ghlan thana mo ghaoil
 Dh' fhàg m' inntinn uile fo bhròn.

'S tu 'n dias a bha fallain ri 'g eiridh 'n àird
 Do 'n eorna bu shuasail a sheas ann am pàirc,
 Ach thainig an reothadh 's am foghar cho tràth,
 Dh'fhag sìd mi fo ghruaman, cha bhuain mis'
 am bàrr.

Ged gheibhinnsa Alba, le l' irgiod 's na h-ac'
 ann de stòr,
 'S mi shadadh do 'n fhaireg' e, chum faighinn
 air falbh leis an òigh
 Do 'n dug mi cion falaich tha laidhe na m'
 bhroilleach neo-stòld',
 'S cha leig mi e seachad, ho ri ge fad 's tha
 mi beò.

Ge d' gheallteadh dhomh m' fhortan a dh'
 'airgiod 's a dh' òr,
 'S mo chumail gu socair am feasd ann an sròl,
 B' fhearr leam bhi 'm bothan fo sgrathan le
 m' òigh
 Air salann 's buntàta 's mo ghràdh bhi rium
 pòsd'.

Ge d' gheallteadh dhomh baile agus caileag
 ghlan òg,
 Ge d' gheallteadh dhomh caileag le ceudan a
 dh' òr,
 Ge d' gheallteadh dhomh uile na tha 'san
 Roinn-Eòrp'
 Cha treiginn mo chaileag 's i falamh gu 'n
 ghròt.

Ged dh' fhaibhainn an domhain, 'san talamh
 a threabhadh gu léir,

- Rì 'g iarraidh do shamhail a mhnà cha'n urr-
 ainm dhomh fhaighinn dhomh fhéin,
 Oir tha i ro dhuilich a taghadh, ro dhuilich a
 faighinn air féill,
 Bean mhìn bhasan, gruaidh dhearg, fhalt
 shoilleir, san gàire na laidh' air a déud.

'S buidhe do 'n fhear a bheir dhachaidh an
 òigh,
 Cha bhi e gun bhaile agus pailt ann an òr;
 Tha aghaidh na calainn mar ghealach gu 'n
 sgòth,
 'S mar ghathan ua gréine;—nach mi bha riut
 pòsd'.

Thug Mi Gaol do'n Oighe.

Thug mi gaol do'n òighe,
 Nach robh fallain air dhòigh,
 Ruith sid m'fhnìl agus m'fheòil is m'inntinn;
 Chaidh an cadal air chùl,
 Dh' fhalbh m' aigne 's mo shunnd,
 Ann an cumha mo rùin a threig mi.

Air mo ghaol a bha mhais'
 'Bha ri fhaotainn gu tearc,
 Bha i feucantach glan còmhnard,
 Seimh mar dhealt air an fheoir
 'Tighinn a nuas bho na neoil—
 Ort shìl mi na geur dheòirean.

Deud gheal mar an sneachd,
 Gnuis shoilleir mar chaile,
 Snìl ghorm amharcach còmhnard;
 Calg àluinn ghlan reidh,
 Blas na meal' air do bheul,—
 Leam bu mhianu bhi ga d' fhiar-phògadh.

Ged a dh' fhad thu mi 'ghaoil,
 Ga do chaineadh cha bhi mi
 Fhad 'sa dh' fhagar san tìr bheò mi,
 'Chionn gu 'm b' choireach mi fhein

Gu'n bhi comhla ri cheil',
Tighinn le ordugh na cleir pòsda.

'S tric bha mise 's mo ghaoil
Ann am mullaichean fraoich
'Marbhadh fheadag is naosg comhladh,
'S cearean-tomain an fhraoich,
Bhitheadh na neadan ri 'n taobh,
'S tric a bh' againn dhiubh tri comhladh.

Ged a phòs thu, tha neart
De mo ghòraich rium leanadh,
'S mi ri smaointean do leasg òigear:
Am fear a phòs thu fa theach,
Thug mo bhròg thar mo chas,
'S tu rinn dòruinn air dha dhòigh dhomh.

'S Mise tha gu Truagh Dherh.

Rainn eadar Cailein agus neach eile an
deigh bàs a mhnatha.

'S mise tha gu truagh dheth,
'S mo thuarasdal air thoirt dhomh,
Fhuair mi ro luath leam
An duais a luthaigeadh dhomh,
Thug e buille chruaidh dhomh,
'S luaidh e mi gu bhi gort,
'S cha 'n 'eil air an t-saoghal
A h-aon gu leigheas mo lot.

Tha mi air air mo bhuaireadh,
Gach uair a tha mi leam fhein,
'S mo chadal neo-luaineach,
'S mi smaointean air mar tha mi,
Bho 'n latha theich na h-uain uam
Le fuasgladh a ghàraidh chrich,
Cha dean clachair suas dhomh,
A ghualainn chaidh as an fhaing.

Tha thu air do bhuaireadh,
'S luaidh e thu gu bhi goirt,

Dh' fhuasgail an gàradh
 Nach càirich na clachairean;
 Ach theirig-sa do 'n uaigheas,
 'S buail an clag aig a gheat,
 'S cruinnichidh na h-uain a ghluais,
 'S bidh an solus leat.

Cha 'n 'eil air an t-saoghal
 A h-aon a dh' innseadh mo chor,
 Cha 'n urrainn mi fhein
 Dhol ga innseadh ged tha mi goirt;
 Bho 'n la a dhruid an uaigh
 Mu mo luaidh a chaidh thum a phort,
 Tha mise gu 'n bhuachaill'
 Do m' uain 's tha mo phearsa lotait.

Tha mo chuideachid ghràdhach
 An àbhaist a cantuinn rium,
 Nach eagal do m' phàisdean
 'S an t-slàint aca, gheibh iad rum;
 Ach 's ann tha mise ga 'm fàgail
 Gun fàd aca fo am bonn,
 Ach clach-shleamhainn thràghad
 'S an sàl a tighinn os a cionn.

Sin mar a tha sinn
 Sliochd Adhamh mar tha sinn ann,
 Air chlach-shleamhainn thràghad
 'S an sàl a tighinn os ar cionn;
 Ach guidheam ris a bhuachaill'
 Thug buaidh air na h-uile ann,
 'S bheir e beatha bhuan dhuinn,
 Is gluaiseamaid fo chomann.

'S mise tha gu craiteach
 'S mo phaisdean air sgapadh bhuam,
 Sgiathan am màthair
 Le blàths cha teid orra mu 'n cuairt:
 Dh' fhag sud mi brònach,
 'S mo shòlas air teicheadh bhuam,
 'S deoir fo mo shùilean
 Ri brùchdadh bho chridhe buailt.

Tha i fo na fàidean,
 Mo ghràdh a mhuathan na treud,
 Ri breothadh na h-ùrach,
 Gu dlùth a laidhe fo 'n bhreid;
 Do 'n anart lion-gheal,
 'S piosaibh tana do dhéil',
 'S tairnean cruidhe
 Ga 'bualadh ceangailt ri chéil'.

Tha air a sgrìobhadh,
 'S air innseadh dhuinn anns na Sailm,
 Gur athair do'n dilleachdan
 An t-Aon ud anns nach 'eil ceilg.
 Sgaolaidh e 'sgiathan
 Ga 'r iathadh uile gu léir;
 Bi-sa ri 'g ùrnaigh,
 'S lùbar sibh fo na sgéith.

Is math a bhi ri 'g innseadh
 Gach ni math tha 'n Leabhar Dhé,
 Ach an cuir e sgim
 Air na tha siute na m' bhroilleach fhéin;
 Tha e air a sgrìobhadh,
 'S a ghathadh am beul mo chléibh,
 Cha charaich am fuachd e,
 'S cha ghluais e le uisge na sgeil.

Tha 'n iris na m' ghuallainn,
 'S cha 'n fhuasgail 's cha ruith an snaim,
 Cha ghearrar le sgian e,—
 Na m' chliathaich s' tha aice greim;
 Tha an t-eallach ga mo chiurradh,
 'S a brùchdadh an uisge uaith',
 Bidh mise ga ghiulain
 Gu 'n tionndaidh mi thun na h-naigh.

Mo ghaol na chaidh na fòid ort
 Mo dhòchas gu 'n bhuaill thu 'n glag
 Aig dorus Ichobhah,
 'S gu'n seol thu 'san solus leat,
 Gu 'n coinnich thu 'm buachaill'
 Thug buaidh air na h-uile bh' ann,

'S gu'n tug e 'bheatha bhuan dhut,
'S gu'n ghuais thu fo a chomamhd.



Mo Chridhe Trom, 's Duilich Leam.

Mo chridhe trom, 's duilich leam,
'S muladach mar tha mi,
Bho 'n dh' fhalbh mi as an dùthaich
'S am bheil mo rùn a tàmhadh.

Air oidhehe na bliadhn' ùire
Bha mi tùrsach mar nach b' àbhaist,
'S mi smaointean air a ghruagaich ud,
Tha m' chridhe suas a ghnàth rithe.

Ge boidheach sìdeach ribanach,
Clann nighean na 'm puncainean,
Ho ri gur beag mo dhiù dhiubh,
'S ann tha mo rùnsa 'n dùthaich na Gailig.

Ged robh iad rium gu pripagach,
'S gu mìodalach an cairdeas,
Ri tabhach an cuid ghiosagan,
Cha ghoid iad be m' mo ghràidh bhuan.

Tha suil amharc sgianach aic',
'S aghaidh lionta gu 'n àrdan,
'S a nàdar mar bu mhiam leam,
Ri shiarladh ann an càirdeas.

Nuair bhithinn anns an eaglais,
'S an cadal ri toirt tàir dhomh,
Nuair a sheallainn fo mo shùil riut,
Bheireadh do ghnuis an smuid far m' airnean.

Ma tha e 'n dàn gu 'n tachair dhomh
Dhol dhachaidh measg mo chairdean,
Ruithidh mi gu bailidh leat,
Le gearran ann an harness.

A' chailin na biodh eagal ort,
Ach biodh do chreideamh laidir,
Tha mise na mo ghealladh dhut
Gu maireannach an cairdeas.

Ged tha mi measg nan caileagan
Nach labhair rium mo chànan,
Cha bhi mi air mo mhealladh ac',
'S e leanas mise a Ghàilig.

◆◆◆
Bha Mi 'n Diugh air Banais.

Tachairt Chalein ri sheann leannan.

Bha mi 'n diugh air banais,
Agnus thachair mo sheann leannan rium,
Cha robh i mar bu mhath leam ann an cènn.

Ach thubhairt mi :

On, ou, an,
An go, an ga, an go u mi.
'S mo chridhe glan air tabhairt na do dhéigh.

Fonn ann am Beurla :

"Hu ro, boys, hu ro, hu ro for the wedding."

Ach thionndaidh ise 'eulaobh,
'S bha neapigin na gùn aic'
A chuir i air a sùilean ri fein;
Ach thionndaidh i gu gaireach—
" 'S a Chalein, de mar tha thu ? "
" Tha mise na mo shlàint, am bheil thu fhein ? "

Ach thoisich i ri lachanaich,
'S thug mi 'n t suil ud seachad bhuam,—
Fear eile bha san amhare aice fhein;
O, chuunaic mi tighinn fagnsg e,
'S cha dubhairt mi ach aon fhacal rith'—
" Bha uair bha thu agam 's cha'n e 'n dingh e."

'S e sud mar a tha iad,
Clann nigheanan an aite s',
Bidh leannan anns gach cearna aca fhein;
Fear ur an dingh 's am maireach,
Ga 'n taghadh ach co 's fhearr ac',
'S cha'n fhaigh iad 'mach an nadar gu leir.

Cha bhi mi ga 'n caineadh,
 Oir tha iad do mo chairdean—
 Is sud mar tha mi mi-fhein;
 Ri leannanachd 's gach cearna,
 Ga 'm mealladh gu teith, cerna,
 'S mo leannan falaich blatl fo 'n a sgeitir.

Ma ruigeas sinn am baile so,
 Cha bhi ar sunnt gu cadalach,
 Ma gheibh sinn mar 's math leinn bidh sinn
 Bidh uisge-beatha na feadanan [reidh;
 Ri cur nan car 's na claigneanan,
 'S bidh sinne le ar leannain air an deil'.

Ma gheibh sinn mar a ghabhas sinn
 De dh' uisge-beatha na feadanan,
 Ciod nach biodh sinn aigeannach gu leir,
 Ag iomairt 's a cur charannan
 Air urlar mar is aithne dhuinn,
 'S ag eibheach ri ar leannanan, " Ho re!"

Mu'n deilich sinn 's mu'n dealaich sinn
 Bidh am bargan air a theannachadh,
 Gu'm bi sinn air an earrach so le cheil';
 Ri tighinn le ar gearannan,
 'S a tighinn le ar leannanan,
 'S a tighinn mar is math leinn bho'n chleir.

Cha chuir mi mach an corr dhuibh,
 Oir tha mo bhroilleach leointe
 Ri cur a mach an orain fo eubh;
 Mur a faigh mi 'n t-ol bhuaibh,
 'S e mac-na-bracha am boy
 A bheireadh air fear leointe gu bhi reidh.

O so dhut i 's gu meal thu i,
 'S gu'n cuir thu mach am barrachd dhuinn,
 'S mi guidhe deagh leannan agad fhein;
 'S na bu fada, bhalaich ort,
 Gu faic mi le do ghearran thu
 'Tighinn dhachaidh le do leannan bho'n chleir.

Mo Chruinneag.

Ordachadh Chalein ann am Baile Bharbhais.

Ir er i, n e leo,
Is fhada bliam mo luaidh, mo chruinneag,
Ir er i, u e leo.

'S truagh nach robh mi far am b' fhearr leam,
Tighinn air faire tigh a ghlinne,

Ghabhainn a steach mu Bhlar Farsail,
'S a Phaire 'san robh mi mire.

Ghabhainn a steach thinn na leige,
Laidhe rith' 'g eibheach aig a linne.

Ruigimsa iarach tigh Shenmais,
An t-aite ceilidh aig na gilleam.

Ruiginn fhein an druim cruaidh ud,
Far am bheil gruagach an fluilt shoilleir;

Sgaoilinn mo dha laimh mu'n cuairt oirr'—
Leamsa tha e cruaidh nach urrainn;

Phogainn i 's cha b' ann le fuarachd,
'S ghabhainn cuairt 's ar guaillean cuideachd.



Tha Mi Tinn 's cha'n eil Mi Falainn.

Chaill Calein a chlaisneachd le coire neach eile.

Ori ag, uri ag, o ril o,
Ori ag, uri ag, o ril o i,
Ori ag, uri ag, o ril o,
Is neonach leis a mhor shluagh mi an diugh.

Tha mi tinn 's cha'n eil mi fallain,
O'n a thainig mi 'n t-astar s',
Fhuair mi buille mu'n a bhalla
Cul mo chinn a rinn mo lapadh.

Cheannaich mi air mac an tailleir,
 Ged a bha mi treis na nabachd,
 Thug e 'n nuas air greim na sail mi,
 Nuair a bhual mi rinn e gaire.

Tha mo chluasan 's iad ri bragail,
 'S iad mar engine ann an cabhaig,
 'S am fuaim mar channon ann am baiteal
 Nuair bu chruaidhe chluinntte brag ac'.

Tha mo chluasan 's iad ri 'g iodhrach,
 'S iad mar tharneinaich is teintean,
 'S mar muir bhan a bualadh bheintibh;
 'S duilich leam nach dean mi cluinntinn.

Thuit mo chridhe thun an talamh,
 Mar an fheamainn thar na cloiche;
 Their iad rium e, rud cha chreid mi,
 Gu'm bheil leigheas air mo chlaisneachd.

Tha mi smaointean air gach trath air,
 Bhi cho fada bho mo mhathair,
 'S mi gu briste na mo shlainte,
 'S nach dean m' urachadh mo chairdean.

Dh'fhalbh mo shugradh. Dh'fhalbh mo mhan-
 ran,

Dh'fhalbh mo chuideachan. Dh'fhalbh mo cheol gaire,
 'S truagh nach mise bh' anns an àite
 Far an ruigim fhein mo mhàthair.

Dh'fhalbh mo chuimhne air mo leanan,
 Cha'n 'eil suil agam 'dhol dachaidh,
 Shil mo shuilean sìos gu frasach,
 Uisg' mo chinn ri caoidh mo chlaisneachd.

Sabaid ris a Chat Dhubh.

E ho ro, ma theid mi dhachaidh,
 Cheibh mi sgeulachd air a chat dhubh;
 E ho ro, ma theid mi dhachaidh.

'S ann an sud a bha chuis uamhais,
 Cat ag iarraidh bo an uachdrain,

Bha i rànaill 's laogh ri gualainn,
Fear a bhuanaich air a chat dhubh.

'S ann an sud a bha 'n ceol-gàire,
Aonghas a gal 's an cat an sàs ann,
M' athair ga 'bhualadh 's ga 'shràiceadh
Gus 'n do chaill e slàint' an earraich.

Bha bho dhonn is i ri eibheach;
'S dh' eirich Anna mach 'sa leine;
Thoisich mo mhathair ri eibheach,
"A Mhic-Coinnich thig an t-astar s'?"

"Na 'm biodh agamsa fios fàidhean
Toiseach an earraich so thàinig,
Bhiodh do ghunna le do bhàlla
'Dol a sàs an airnean bhraidean!"

Thainig Mac-Coinnich air faire,
Thoisich e ri 'g eibheach, "A Mhairi,
C'àit 'eil mi cluimntinn na stracean?
Ga 'm bualadh air clarsach bhraidean!"

Cha bu shugradh no ceol gàir' e,
Ged bha mise ri 'g radh sud,
'S e bh' ann cuis uamhais ghrànda
'Tighinn air fàileadh bà gu dorus.

'S iomadh duine bha ri éideachd,
Nach robh faicinn gnìomh na béisd ud;
M' athair ga 'bhualadh le céine,
'S mo mhathair ag éibheach "Tachd e!"

Nuair theid Murchadh ann an ordugh
'Dheanadh seanachas mu'n chat dhomhsa.
Gheibh e briogais, 's gheibh e brogan,
'S gheibh e cota 'bhios san fhasan.



